



## Tìotal: Gam dhìon/Droch-dhìol agus dàimhean

### Pàirt 5: Droch-dhìol Feiseil

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"><li>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi.HWB 2-49a</li></ul>	<ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios aca càit an tèid iad airson cuideachadh.</li></ul>

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gu bheil gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr.
- Gu bheil fios aig clann càit am faigh iad fiosrachadh agus taic.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi na diofar sheòrsaichean droch-dhìol a dh'fhaodas clann fhulang,
- Aithnichidh mi gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr
- Togaidh mi misneachd sna faireachdainnean agam fhìn agus nam cho-dhùnaidhean mu na tha a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte no cart/ceàrr dhòmhsa.
- 'S aithne dhomh inbhich earbsach a bheir dhomh cuideachadh ma tha iomagain orm no ma tha ceist agam.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Tha stuthan an **NSPCC – Riaghailt nan drathais - PANTS rule** (fiosrachadh, stuthan airson an luchdachadh a-nuas, òran) rim faighinn an seo <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>
- Tom's Secret** <https://youtu.be/7mMqgelyQX8> film mu bhalach a tha a' fulang droch-dhìol agus mu dheireadh thall ag innse dha mhàthair. Cuir stad air aig 4 mion. 15.
- What happens when you contact ChildLine?** (faid 3 mion. 8 ) <https://youtu.be/fCA6EhBhiC8>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

**NÒT:** Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais soilleir ann a bhith ag aithneachadh gum bu chòir fios a bhith aig clann gu bheil gach seòrsa droch-dhìol ceàrr. Airson seo a choileanadh, feumaidh a' chlann ionnsachadh na tha sinn a' ciallachadh le droch-dhìol airson 's gun aithnich iad e ma thachras e no ma tha cunnart gun tachair e dhaibh.

Bu chòir na leasain seo a dhèanamh ann an sreath agus mar sheata obrach. Ma chailleas pàiste clas sam bith leis gu bheil iad far na sgoile, bu chòir gach oidhirp a dhèanamh airson 's gum faigh iad cothrom air an obair clas seo a dhèanamh.

Bu chòir do thidsearan/luchd-teagaisg a tha a' libhrigeadh na h-obrach seo a bhith air an trèanadh dìon-chloinne ùr a dhèanamh air a libhrigeadh leis a' bhuidheann aca. Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlaim a bhith eòlach air a' chloinn sa bhuidheann/chlas. Far am faod cùisean ris a bheilear a' dèiligeadh iomagain/uallach adhbhrachadh do phàiste, bu chòir bruidhinn ris a' phàiste agus ris na pàrantan/luchd-cùraim mar tha freagarrach airson faighinn a-mach a bheil am pàiste airson pàirt a ghabhail san leasan agus dè an taic a bhios a dhìth.

## Obair

1. Tòisichibh ann an cearcall. Cleachd na postairean bhon t-seisean mu dheireadh mar eisimpleirean (bha clann ag innse na dh'fheumas pàiste airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte) coimheadaibh thairis air na stuthan, a' faighneachd cheistean mu phàirtean, a' cur rudan nan cuimhne, a' tarraing bheachdan às na postairean a tha a' glacadh aire.
2. Cuimhnich dhan chloinn gu bheil gach neach cudromach agus sònraichte (bun-bheachd urram daonna), gum bu chòir do gach pàiste a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Cuir nan cuimhne cuideachd gun robh iad a' bruidhinn air **dearmad** ann an seisean eile – nuair nach eil gach rud a dh'fheumas pàiste aca no nuair nach eilear a' coimhead às an dèidh ceart – agus **droch-dhiol fiosaiageach**, far a bheil pàiste ga ghoirteachadh le neach eile. Coimhead airson gnogadh-cinn/aithneachadh gu bheil cuimhne aca air an seo. An robh iad seo air na postairean a rinn iad?
3. Inns dhan chlas gu bheil sibh gu bhith a' bruidhinn air seòrsa eile de dhroch-dhiol agus gur e **droch-dhiol feiseil** a chanas sinn ris. Can gun tòisich sinn le bhith a' cuimhneachadh air rud bhon a bha clann na b' òige. (Bidh fios aig cuid dhen chloinn air an seo, ach 's dòcha nach bi fios aig feadhainn eile.) Faighnich dhaibh cò aig tha cuimhne air riaghailt nan drathais no am PANTS rule, no air a Phantosaurus. Faodaidh na feadhainn aig a bheil cuimhne innse dhan chlas. Can gur e deagh dhòigh a th' anns an riaghailt seo airson cuimhneachadh na tha prìobhaideach, agus a-nis bhon a tha a' chlann beagan nas sine gum feum sinn barrachd innse mu bhith a' cumail clann sàbhailte. Tha seo a' ciallachadh gum feum sinn bruidhinn air **droch-dhiol feiseil**.

Theirig chun an deilbh airson na riaghailt PANTS agus obraich troimhe:

(**P**riate parts are private **A**lways remember that your body belongs to you **N**o means no

**T**alk about secrets that upset you **S**peak up, someone can help)

(P – Prìobhaideach – tha pàirtean ded bhodhaig prìobhaideach, A - Agadsa tha cead air do bhodhaig fhèin, N - Na dèan càil nach toigh leat, T - Theirig gu inbheach earbsach, S - 'S ann leatsa tha do bhodhaig)

*Ged a tha seo coltach ri obair do chlann nas òige, tha na stuthan seo cudromach. Mar sin leugh troimhe agus dèan cinnteach à tuigse mar a tha sibh a' dol air adhart:*

<https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/> Ma thogras sibh, coimheadaibh am film/an t-òran air an aon duilleig (no cùm e airson a choimhead a-rithist ma tha teansa gum bi a h-uile duine ro bheòthail).

4. A-nis agus sibh air a dhol thairis air riaghailt nan drathais inns dhan chloinn gu bheil tuilleadh fiosrachaidh agad dhaibh. Leughaidh an ath sheata shlaighdean còmhla, fear mu seach gu faiceallach agus stad airson a bhith cinnteach à tuigse. Tha molaidhean airson soilleireachadh gu h-ìosal. Na faighnich airson cheistean, ach stad airson fada gu leòr 's gum faigh a' chlann cothrom ceistean fhaighneachd.

**Seo fiosrachadh cudromach dhuinn uile mu dhroch-dhiol feiseil:**

**Faodaidh droch dhìol feiseil a bhith a' ciallachadh suathadh pàirtean prìobhaideach na bodhaig agad (cìochan, broilleach, bod, magairlean, pit, tòn).**

*Mar sin, 's e na pàirtean prìobhaideach againn na pàirtean den bhodhaig againn a tha còmhdaichte le fo-aodach no aodach snàmh. Ach 's dòcha nach bi sinn airson gum bi cuideigin a' suathadh ri pàirt sam bith den bhodhaig againn. Mìnich cuideachd gum bi nurs no dotair uaireannan ag iarraidh pàirtean prìobhaideach pàiste fhaicinn no a sgrùdadh, bhiodh fios aig pàrant no neach-cùraim gun robh iad ag iarraidh seo, agus an uair sin faodaidh an nurs no an dotair faighneachd don phàiste a bheil seo ceart gu leòr.*

**Faodaidh Droch-dhìol feiseil tachairt do bhalaich agus do nigheanan. Faodaidh pàiste droch-dhìol feiseil fhulang le cuideigin as aithne dhaibh, no le srainnsear.**

**Faodaidh droch-dhìol feiseil a bhith a' ciallachadh gu bheil neach a' sealltainn pàirtean dhen bhodhaig aca dhut, a' gabhail a-steach nam pàirtean prìobhaideach aca. Faodaidh iad seo a dhèanamh nuair a tha iad còmhla riut no air-loidhne**

*Mar sin, faodaidh seo a bhith nuair a tha cuideigin ri do thaobh, no faisg ort. Faodaidh e cuideachd tachairt nuair a tha thu air am fòn agad, no air tablaid no ri geamaireachd.*

**Faodaidh droch-dhìol feiseil a bhith a' ciallachadh gu bheil cuideigin a' sealltainn dhealbhan feiseil no far a bheil iad a' toirt ort daoine a choimhead a' dèanamh rud feiseil.**

*Mar sin, 's dòcha gun cuala tu am facal **pòrnografaidh**, no canaidh cuid **pòrn**. Mar a tha e a' ràdh an seo 's e dealbhan no bhidiothan a tha seo de rudan feiseil.*

**Faodaidh droch-dhìol heiseil a bhith a' ciallachadh gu bheilear ag iarraidh ort no a' toirt ort dealbhan a thogail dhìot fhèin gun aodach ort, no de phàirtean prìobhaideach na bodhaig agad.**

*Stad airson soilleireachadh, 's dòcha gun cleachd a' chlann am facal 'sexting' no faclan eile a bhios clann nas sine a' cleachdadh mar 'nudes' – ma tha faclan eile ann a chasgadh tu mar as trice bi foighidbneach, chan eil a' chlann ach ag innse mu na tha iad air a chluinntinn.*

**Ma tha cuideigin a' dèanamh droch dhìol feiseil air pàiste, tha sin an aghaidh an lagh. Tha fios aig an neach sin gu bheil na tha iad a' dèanamh ceàrr. 'S dòcha gun iarr iad ort a chumail agad fhèin, no gum bi iad a' feuchainn ri innse dhut gu bheil e ceart gu leòr. Chan eil e ceart gu leòr!**

**Chan e do chuire-sa a th' ann an droch-dhìol feiseil aig àm sam bith. Chan eil e ro fhadalach innse aig àm sam bith. Cuidichidh innse. Tha ChildLine an-còmhnaidh ann airson taic. Air-loidhne no cuir fòn gu 0800 1111.**

*Stad agus faighnich dhan chloinn: Na do cheann, sàmhach airson mionaid, smaoinich air a' chòignear inbheach agad, cuideigin dhan innseadh tu nan robh dragh mar seo ort. Iarr beachdan bhon chloinn. Cuir an cuimhne na cloinne gum faod iad bruidhinn riutsa. Till air ais gu pàiste sam bith a tha a' faighinn seo doirbh.*

5. Coimheadaibh **Tom's Secret** <https://youtu.be/7mMqgelyQX8> film mu bhalach a tha a' fulang droch-dhìol agus a tha ag innse dha mhàthair mu dheireadh thall. Cuir stad air an fhilm aig 4 mion. 15 mus tig na am fiosrachadh mu dhroch-dhìol suas. Faighnich a bheil ceistean aig duine mu stòiridh Tom.

Cuir cuideam air cho cudromach 's a bha e gum b' urrainn do Tom innse dha mhàthair mu na thachair agus carson a bha e troimh-a-chèile.

6. Airson crìochnachadh **What happens when you contact ChildLine?** (faid 3 mion. 8) <https://youtu.be/fCA6EhBhiC8> Freagair ceistean sam bith no soilleirich puingean sam bith dhan chloinn.

### Beachdan eile

Nas fhaide air adhart san t-seachdain faodaidh sibh seo a shealltainn: **ChildLine is here for you** (faid 1 mion. 21) <https://youtu.be/ohvsW3r57lo> film goirid sa bheil luchd-comhairle ChildLine a' bruidhinn ris a' chamara.

### The NSPCC Speak out Stay safe programme

This is a preventative education intervention, available to every primary school and aims to equip children with the knowledge and understanding they need to stay safe from abuse. The programme helps children understand; abuse in all its forms and how to recognise signs of abuse, that abuse is never a child's fault and that they have the right to be safe, where to get help and the sources of help available to them, including ChildLine. The online offer, aimed at children aged 5 to 11, includes access to a video assembly and new supporting resources or information packs for teachers to use in the classroom. There is a version of Speak out Stay safe for children with additional support needs with the messages tailored specifically to pupils needs. Your local NSPCC Schools Service Schools Coordinators can support your school to deliver the programme by briefing school staff at the start and gathering feedback and learning at the end. For more information or to be put in touch with your local Schools Coordinator, please contact [alan.stewart@nspcc.org.uk](mailto:alan.stewart@nspcc.org.uk).

<https://learning.nspcc.org.uk/services/speak-out-stay-safe>

### Buddy Zone

Activities, games and prompts to help children seek advice and support.

<https://www.childline.org.uk/toolbox/buddy-zone-under12service/>

### Ceangal ris an dachaigh

- Tha teacs an cois Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mi-shàbhailte a dh'fhaodar a chur dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mus tòisich air a' bhloc ionnsachaidh seo.
- Priont copaidh de fhiosrachadh PANTS don chloinn airson a thoirt dhachaigh; tha diofar dhreachdan ann, tha an dreachd do chlann le feumalachdan sònraichte no òtasam gu math soilleir agus 's dòcha gur iad as freagarraiche airson a' chlas/bhuidheann agaibh.

### Activities for kids at home

From NSPCC a range of things to do together at home to help your child learn about staying safe and speaking out.

<https://www.nspcc.org.uk/keeping-children-safe/support-for-parents/safety/activities-safety-kids/>

### Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mi-shàbhailte
- An còignear earbsach agamsa
- Burraidheachd

- Droch-dhìol fiosaigeach agus dearmad

## Nòtaichean Tidseir

